

# Latha Litreachais 2012

[www.ancomunn.co.uk](http://www.ancomunn.co.uk)




## Sgeulachd Ghoirid

Nach cuir sibh a-steach sgeulachd ghoirid a tha sibh air a dhèanamh sa chlas no pìos sgrìobhaidh mu dheidhinn cuspair sam bith anns am bheil ùidh agaibh. Dh' fhaodadh sibh duais a bhuannachadh dhuibh fhèin agus dhan sgoil!



## Bàrdachd

A bheil sibh math air a bhi a' sgrìobhadh bàrdachd no òrain? Nach cuir sibh dhà no trì rannan ri chèile, mu cuspair sam bith. Chan eil càil a dh' fhios nach fhaigh sibh duais air a shon aig Mòd Nàiseanta Rioghail na bliadhna seo!



## Prògram Bhideo no DVD

Am bu chaomh leibh a bhi air an telebhisean? Carson nach tig sibh fhèin agus caraidean còmhla gus prògram a chlàradh air DVD / bhideo mu dheidhinn cuspair sam bith. 'S dòcha gu faic sinn sibh air BBC Alba ann am bliadhna no dhà eile!

## Prògram Rèidio

Am biodh ùidh agaibh na naidheachdan a' leughadh air an rèidio? Cuiribh prògram beag ri chèile air teip no CD agus cuiribh thugainn e... cò aig a tha fios... 's dòcha gum bidh sibh ag aithris na naidheachdan air

Rèidio nan Gàidheal fhathast!



## Postairean

'S e dòigh gu math spòrsail a tha seo airson pàirt a ghabhail ann am farpaisean Litreachas, dha clann anns a' Bhun Sgoil agus an Àrd Sgoil. Bheil sibh math air ealain?

Airson beagan fealla-dhà, nach cuir sibh postair ri chèile mu cuspair sònraichte co-cheangailte ris a Mhòd!



## Aithisg-naidheachd

A bheil ùidh agaibh anns na naidheachdan? Ma tha nach sgrìobh sibh colbh airson pàipear-naidheachd mu dheidhinn cuspair inntineach. 'S dòcha gum bidh sinn a' leughadh na h-aithisgean agaibh sna pàipearan naidheachd fhathast!

